

Iorram

Iomair thusa 'Choinnich chridhe,
Gaol nam ban òg 's gràdh nan nighean,
The eagal mòr air mo chridhe,
Gum beil birrlinn Néill a' tighinn,
No sgoth chaol MhicThormoid oighre,
Iomraidh mise fear ma dhithis,
'S nam b' éiginn domh fear ma thriùir,
Ach 's truagh nach robh mi fhéin ' Niall Oadhar,
Slagan beag os cionn DhùnOdhail,
Biodag 'am làimh 's esan fodham,
Dhearbhainn fhéin gun rach i domain,
'S gum biodh fuil a chinn mu ghobhal,
'S gum dianteadh feòil 's gum dianteadh sìtheann,
'S gum biodh biadh fo ghob an fhithich,
Cha d' rinn mi fhathast beud no pudhar,
Mur do leag mi fiadh fo bhruthach,
No biast mhaol an caolas cumhang,
No dubh-sgarbh an còis na tuinne,
Chí mi rudha is slagan beag eile,
Anns na mhilleadh mo chàirdean,
Is truagh nach robh mi 'n Ròna romham,
Cha dàinig mi riamh an cuan seo roimhe,
Gun taod oirre gun taod-cluaise,
Cuipeall ann am bòrd an fhuaraidh,
'S fiùran dìreach sheasadh suas innt',
'S cranna fada rachadh mun cuairt air.